

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 59 (which corresponds to Litir 363). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Tha an samhradh ann a-nise. Bha an samhradh ann o chionn ceala-deug. Carson a tha mi ag ràdh sin? An e a' chiad latha dhen Ògmhios a' chiad latha dhen t-samhradh? Uill, dhòmhsa, chan eil. Chan eil an samhradh a' tòiseachadh air an aon latha a h-uile bliadhna, a bheil? Uaireannan bidh e ann tràth. Uaireannan, bidh e anmoch.

Ach tha mi ag ràdh gu robh an samhradh ann o chionn ceala-deug. Aig an àm sin bha mi ann an Srath Spè. Agus bha a' Chuithe Chrom briste.

Nise, 's e a' Chuithe Chrom sneachd air a' Chàrn Ghorm. 'S e an Càrn Gorm tè de bheanntan àrda a' Mhonaidh Ruaidh. Bidh mòran a' sgitheadh air a' Chàrn Ghorm anns a' gheamhradh. 'S e an t-àite as motha anns am bi daoine a' sgitheadh coire air a bheil "An Coire Cas". Aig ceann shuas a' Choire Chais, nuair a leghas an sneachd as t-earrach, bidh a' Chuithe Chrom air fhàgail. Sneachd ann an cumadh cromaidh.

Nuair a leghas a' Chuithe Chrom, bidh i a' briseadh anns a' mheadhan. Bidh sin a' tachairt faisg air deireadh a' Chèitein no toiseach an Ògmhios. Agus nuair a bhriseas i, 's e sin toiseach an t-samhraidh. Agus, am-bliadhna, air an dàrna latha dhen Ògmhios bha i briste. Bha an samhradh ann. Agus bha i brèagha blàth cuideachd.

Bha mi a' coiseachd anns a' mhadhan aig an àm sin. Bha mi air Creag Ghobharaidh. Tha sin gu tuath air Loch Mhùrlaig. Tha Loch Mhùrlaig eadar an Aghaidh Mhòr agus an Càrn Gorm. Air an druim faisg air Creag Ghobharaidh tha clach mhòr ann. Tha i a' stobadh an àirde.

Tha sgeulachd co-cheangailte ris a' chloich. Bha tè às an Aghaidh Mhòir còmhla rium. Bha beagan Gàidhlig aice. "'S e an t-ainm a th' oirre Clach an Iutharnaich", thuirt i. "The stone of the hellish man." A rèir beul-aithris, bha fear cruaidh ann air an robh "An t-Iutharnach". Bha bothan aige faisg air làimh. Tha mi cinnteach gu robh esan cuideachd eòlach air a' Chuithe Chruim.

* * * * *

Faclan is abairtean: tha an samhradh ann: *summer is here*; o chionn ceala-deug: *a fortnight ago*; an e a' chiad latha dhen Ògmhios a' chiad latha dhen t-samhradh?: *is the first day of June the first day of summer?*; dhòmhsa: *for me* (*emphatic*); uaireannan bidh e ann tràth: *sometimes it is here early*; anmoch: *late*;

bha mi ann an Srath Spè: *I was in Strathspey*; 's e a' Chuithe Chrom sneachd air a' Chàrn Ghorm: *the Cuithe Chrom ("bent snow-wreath") is snow on Cairn Gorm*; tè de bheanntan àrda a' Mhonaidh Ruaidh: *one of the high mountains of the Cairngorms*; bidh mòran a' sgitheadh: *many people ski*; aig ceann shuas a' Choire Chais: *at the top end of the Coire Cas ("steep corrie")*; nuair a leaghas an sneachd as t-earrach: *when the snow melts in spring*; ann an cumadh cromaig: *in the shape of a sickle*; bidh i a' briseadh anns a' mheadhan: *she breaks in the middle*; bidh sin a' tachairt faisg air deireadh a' Chèitein no toiseach an Ògmhios: *that happens near the end of May or the beginning of June*; bha i brèagha blàth: *it was beautiful and warm*; a' coiseachd anns a' mhonadh: *walking on the hill (ie hillwalking)*; Creag Ghobharaidh: *Craiggowrie*; tha Loch Mhùrlaig eadar an Aghaidh Mhòr agus an Càrn Gorm: *Loch Morlich is between Aviemore and Cairn Gorm*; tha i a' stobadh an àirde: *it [fem] sticks up*; tha sgeulachd co-cheangailte ris a' chloich: *there is a story attached to the stone*; bha tè às an Aghaidh Mhòir còmhla rium: *a woman from Aviemore was with me*; Clach an Iutharnaich: *(according to oral tradition) the stone of the hellish man*; bha bothan aige faisg air làimh: *he had a bothy close by*; gu robh esan cuideachd eòlach air a' Chuithe Chruim: *that he also knew the Cuithe Chrom (the slenderisation of crom to cruim is because it qualifies cuithe, a feminine noun here in the dative singular case).*

ends